

Gairm gu Ùrnaigh: Latha na Sàbaid, 7mh dhen Mhàrt 2021 Ùrnaigh aig 7f

Thairis air a' bhliadhna seo chaidh, tha sinn air a bhith a' fàs cleachdte ri bhith air ar cuingleachadh. Ma dh'fhaoidte gu bheil sinn a' fàs nas mothachaile air na sgìrean anns a bheil sinn a' fuireach. Gun teagamh, tha na h-aiteachean anns a' bheil sinn beò a' dealbhadh ar beatha, a' cumadh ar tuigse. Agus tha àiteachan ann a tha ceangailte nar cuimhne ri tachartasan agus rudan a fhiosraich sinn. Tha àiteachan ar cuimhne fighte a-steach ann am ruitheam na beatha.

Tha sinn a' leughadh anns na Soisgeulan cunntasan falmhachadh an Teampaill ann an Ierusalem. Ann an Soisgeul Eòin, chaith Ìosa dhan àite àraighe sin anns a' bhaile àraighe sin. (Eòin 2: 13 - 22). Rinn e sinn oir bha e faisg air àm Caisg nan Iùdhach, agus mar sinn chaith e suas gu Ierusalem maille ri na miltean a thàinig don bhaile aig an àm sin. Dè a lorg Ìosa? Lorg e, seach àite-ùrnaigh agus àite-adhraidh, àite-margaidh air a lionadh le marsantan agus iad a' reic an cuid bathair agus ag iomlaid airgid. Thuirt an fheadhainn a bha an aghaidh falmhachadh seo an Teampaill, "Dè an comharradh miòrbhaileach a tha thu a' sealltainn dhuinn mar dhearbhadh air na rudan seo a tha thu a' dùnamh?" Agus fhreagair Ìosa le làidheadaireachd, a' bruidhinn air sgrios "an teampaill seo" - a' ciallachadh a chuirp fhèin - agus mu aiseirigh "ann an trì latha".

Anns a' chomharra seo, chì sinn làthaireachd Dhè air a foillseachadh ann am beatha Ìosa. Chì sinn a bheatha, ann an àite àraighe agus ann an àm àraighe, a' fuasgladh ar lèirsinn gus am faic sinn far a bheil Dia, a tha a' tighinn gar coinneachadh.

Dèanamaid ùrnaigh:

A Dhè a chruthaich gach àite agus gach tìm,
Thig gar coinneachadh anns an àite far a bheil sinn an-diugh.
Thig gar coinneachadh far a bheil sinn
agus atharraich sinn le làthaireachd do Mhic.
Anns an àite seo, deònaich gum faigh sinn eòlas air do ghràdh gu h-iomlan.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè a chruthaich gach àite agus gach tìm,
Thig gar coinneachadh anns an àite far a bheil sinn an-diugh.

Thig gar coinneachadh aig beul an latha,
agus bi maille rinn anns gach càs.
Anns an àite far a bheil sinn, deònaich gum faic sinn beatha a' fàs as ùr.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè a chruthaich gach àite agus gach tìm,
Thig gar coinneachadh anns an àite far a bheil sinn an-diugh.
Thig gar coinneachadh far a bheil fulangas
agus deònaich dhuinn slànachadh do làthaireachd.
Far a bheil fulangas, leig leinn comhfhurtachd a chur.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè a chruthaich gach àite agus gach tìm,
Thig gar coinneachadh anns an àite far a bheil sinn an-diugh.
Thig gar coinneachadh far a bheil bròn
agus deònaich dhuinn do sholas nar dorchadas.
Far a bheil bròn, leig leinn solas a chur.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè a chruthaich gach àite agus gach tìm,
Thig gar coinneachadh anns an àite far a bheil sinn an-diugh.
Thig gar coinneachadh ann an ruitheam na beatha
agus deònaich dhuinn dòchas as ùr.
Anns a' choimhеarsnachd far a bheil sinn,
deònaich gun toir sinn fianais mud dheidhinn, a Dhè ar dòchais.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè a chruthaich gach àite agus gach tìm,
Thig gar coinneachadh anns an àite far a bheil sinn an-diugh.
Thig gar coinneachadh aig beul na h-oidhche,
agus bi mille rinn tron oidhche.
Glèidh sinn, agus thoir sinn slàn gu solas na camhanaich ùire.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba

Am Fior Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann

Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean,
Eaglais Easbaigeach na h-Alba

An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

An t-Urramach Dòmhnaill G. Dòmhnaillach, Moderàtor, an Eaglais Shaor

An t-Urramach Pòl Whittle, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)

An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam
Methodach (Alba)

An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann
an Alba

Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)

An t-Urramach Claire Fender, Àrd-Neach-Stiùridh Roinn-Dùthcha, Eileanan
Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich

Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba,
Eaglais Chrìosdal air Saoradh le Dia

Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh
còmhla ann an Alba (MECTIS)

An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)